



<b>TIOTAL-OBACH</b>	Oifigear Glèidhidh
<b>ROINN</b>	Oighreachdan is Seirbheisean
<b>AN URRA RI</b>	Oifigear Oighreachdan is Sheirbheisean
<b>TUARASTAL</b>	£24,145 - £26,440
<b>PRÌOMH ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, An Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ

## TUAIRISGEUL OBACH

Bidh an t-Oifigear Glèidhidh a' dèiligeadh ris a h-uile gnìomh càraidh aig a' Cholaiste, fo stiùir an Oifigeir Oighreachdan. Bithear a' dèanamh cinnteach gu bheil obair glèidhidh na Colaiste ga dèanamh aig ìre àrd. Bithear a' gleidheadh làrach, àrainn is raointean-chàraichean na Colaiste is gan cumail ann an deagh staid.

## PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' gabhail dhleastanasan glèidhidh làitheil os làimh a leithid atharrachadh sholas, saoirsinneachd, peantadh, atharrachadh ghlasan dorais is dleastanasan a thaobh sàbhailteachd
- A' dèanamh cinnteach gu bheil àrainn is toglaichean na Colaiste sgiobalta, nach eil sgudal ann agus an àrainn air a gleidheadh gu math
- A' sònrachadh is a' toirt gu aire an Oifigeir Oighreachdan is Sheirbheisean obair is gnìomh sam bith a tha riatanach airson làrach na Colaiste a chumail ann an deagh staid
- A' mion-sgrùdadh làrach is toglaichean na Colaiste gu cunbhalach airson càradh is pàirtean is uidheam a dhith a shònrachadh
- A' gabhail obair càraidh riatanach os làimh a rèir iarrtasan le oileanaich is luchd-obrach
- A' glanadh dhuilleagan, sneachd is deigh far cheuman-coise, rathaidean, shlighean èiginn is shlighean a-steach gus am bi na slighean sàbhailte
- A' gluasad uidheam, àirneis, bathar is stuthan mu thimcheall na làraich
- A' deisealachadh is a' cur air falbh àirneis airson tachartasan na Colaiste
- A' cumail taic ri sgrùdaidhean gus an gèill a' Cholaiste ri riatanasan Slàinte is Sàbhailteachd fad an t-siubhail
- A' dèiligeadh ri suidheachaidhean èiginneach mar a dh'èireas iad, m.e. siostam rabhadh teine; taic Ciad Chobhair do dh'oileanaich, luchd-obrach is luchd-tadhail
- A' cumail smachd air siostaman teasachaidh is rabhadh teine na Colaiste agus a' cumail taic ris a' Cheannard Oighreachdan le càradh, leasachaidhean is trèanadh mar a thèid iarraidh
- A' cruinneachadh is a' sgaoileadh a' phuist a-staigh agus a' falbh don Oifis Phuist leis a' phost a tha a' dol a-mach
- A' gearradh an fheòir is a' cumail na làraich sgiobalta
- A' dèanamh cinnteach gu bheil carbadan na Colaiste ann an deagh staid obrach
- A' co-obrachadh le companaidhean air cùmhnant mar a bhios feum
- A' cumail an àite-obrach glan is sgiobalta agus a' cumail ri stiùireadh Slàinte is Sàbhailteachd



- A' conaltradh le luchd-obrach, oileanaich is luchd-tadhail mar a bhios feum
- An làthair aig cùrsaichean trèanadh m.e. Ciad Chobhair san àite-obrach, Oifigear Teine
- A' co-obrachadh leis an sgioba chàraidh agus cuide ris na sgiobannan aoigheachd is seirbheisean oileanach airson dèiligeadh ri obair càraidh a tha a dhith
- A' cur fios dhan Oifigear Oighreachdan is Sheirbheisean air nithean briste, cunnartach no a dhith
- A bhith an urra ris an t-slàinte is sàbhailteachd agad fhèin agus a' dearbhadh slàinte is sàbhailteachd chàich tro do chuid obrach
- A' gabhail dhleastanasan eile os làimh a rèir na Colaiste agus mar a dh'iarraas am Manaidsear Aoigheachd no an Ceannard Oighreachdan.

### Sònrachadh pearsa

	Riathanach	Na bhuannachd	Dòigh Mheasaidh – Iarrtas no Agallamh
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Cead-draibhidh slàn	Cead-draibhidh charbadan D1	Iarrtas agus Agallamh
Sgilean	Sgilean coimpiutaireachd bunaiteach  Sgilean bunaiteach ann an Slàinte is Sàbhailteachd, m.e. a' sònrachadh is ag aithris chunnartan is a' lùghdachadh chunnartan  Sgilean eagrachaidh math  Sgilean prataigeach m.e. càradh cumanta is DIY  Sgilean seirbheis is conaltraidh math	Neach-labhairt Gàidhlig	Iarrtas agus Agallamh
Eòlas	Eòlas-obrach air obair càraidh		Iarrtas agus Agallamh

### Uairean-obrach Seachdaineach

35 uairean san t-seachdain.

### Làithean-saora

35 làithean-saora, a' toirt a-steach làithean-saora poblach (agus 10-12 làithean gan gabhail aig àm na Nollaig).



SABHAL  
MÒR OSTAIG

Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig

Cùmhnant Obrach

### **Sgèile Tuarastail**

£24,145 - £26,440 sa bhliadhna, a rèir eòlais.

Tha sgeama peinnsein aig a' Cholaiste a tha fosgailte do gach neach-obrach.

Gheibh gach neach-obrach measadh bliadhnaile cuide ris an neach-stiùiridh aca, airson seirbheisean a chumail aig ìre àrd agus trèanadh is leasachadh pearsanta a shònrachadh.

**Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' cumail a làn thaic riut is tu ag ionnsachadh na Gàidhlig agus thèid grunn chothroman ionnsachaidh a thabhann dhut.**